



MacGregor, Martin (2025) Chief's Address: Seirbheis cuimhneachaidh Chùil Lodair. *Transactions of the Gaelic Society of Inverness*, 71, pp. 179-191.

The material cannot be used for any other purpose without further permission of the publisher and is for private use only.

There may be differences between this version and the published version. You are advised to consult the publisher's version if you wish to cite from it.

<https://eprints.gla.ac.uk/321908/>

Deposited on 04 March 2024

Enlighten – Research publications by members of the University of Glasgow

<http://eprints.gla.ac.uk>

Is mise Màrtainn MacGriogair, agus tha e na urram mhòr dhomh a bhith nam cheann-cinnidh aig Comann Gàidhlig Inbhir Nis am bliadhna. Às leth a' Chomainn, bu mhath leam fàilte chrìdheil a chur oirbh uile. Bho chionn 275 bliadhna an-dè, chaidh Blàr Chùil Lodair a chur. Chan ann aig Cùl Lodair agus ann an cuideachd a chèile, ach ann an dòigh eile, a dh'fheumas sinn coinneachadh an-diugh, ach a dh'aindeoin sin tha ar n-aire air an àite, agus ar co-fhaireachdainn ris an fheadhainn a dh'fhuiling sa bhlàr, air neo mar thoireadh air a' bhlàr: Seumasaich is Deòrsaich, Gàidheil is Goill, fir, mnathan is clann.

Tha Cùl Lodair a' togail iomadach ceist mhòr mu eachdraidh agus àite nan Gàidheal ann an Alba. Bidh cuid fhathast a' cumail a-mach gur e seo an tachartas agus an tionndadh bu mhòtha san eachdraidh sin; gun tàinig saoghal nan cinnidhean gu crìch air an aon latha seo. Bidh cuid eile den bheachd gu robh an saoghal ud ag atharrachadh gu mòr fada ro Chùl Lodair, agus gur e bh' ann an Cùl Lodair ach clach-mhìle eile air an rathad – clach-mhìle mhòr gun teagamh, a thug luaths air na h-atharraichean, ach clach-mhìle nach robh cho mòr ri feadhainn eile leithid latha Waterloo, mar eisimpleir. Ach an e rathad an samhla as fhreagaraiche airson ar n-eachdraidh, agus cuid deònach Cùl Lodair a chur maille ri clachan-mhìle eile – cur às Tighearnas nan Eilean, Reachdan Eilean Ì, Murt Ghlinne Comhann, Na Fuadaichean, agus, os cionn nan uile, call a' chànan – a' tha a' comharrachadh dol sìos nan Gàidheal ann an Alba; air neo am b' fheàrrde ar n-eachdraidh a thuigsinn mar chearcall anns am faicear ùrachadh agus aiseirigh? Cò rinn an eachdraidh againn co-dhiù: na Gàidheil gu lèir, air neo na cinn-chinnidh a thug air a' mhòr-shluagh an toil fhèin a leantail, air neo riaghaltas no ùghdarras a bha a-rìamh suidhichte taobh a-muigh na Gàidhealtachd, gun teangan Gàidhlig aca? Mas e gu robh saorsa agus comas aig na Gàidheil an eachdraidh fhèin a chruthachadh, dè na h-adhbharan a thug orra taic a thoirt dha na Seumasaich agus bàsachadh air an sgàth air raon Chùil Lodair?

Anns na leanas bu mhath leam beagan a ràdh mu choinneamh nan ceist seo, tro phrosbaig nan òran a rinn cuid de na Gàidheil a bha a' taobhadh ris na Seumasach. Tha mi a' leantail na slighe a rinn an t-Ollamh Uilleam MacGill'ìosa, a bha e fhèin na cheannard air a' Chomann seo, san aiste ghrinn aige, 'Gaelic Songs of the 'Forty-Five' – an obair sgoilearail as fheàrr a rinneadh air a' chuspair gu ruige seo, na mo bheachd-sa. Tha sinn uile mothachail gur e glè bheag de bhàrdachd Ghàidhlig a tha air tighinn a-nuas thugainn bho thaobh Hanòbhair, air neo a rinneadh bhon taobh ud sa chiad dol a-mach, agus tha sin fhèin ag innse rudeigin dhuinn. Ach am measg dàn nan Seumasach gheibhear measgachadh bheachdan agus ghuthan, agus cumaidh mi mo shùil orra sin.

Tha e iomchaidh töiseachadh le sàighdear a shabaid aig Cùl Lodair agus air èiginn a thàinig beò às, Iain Ruadh Stiùbhart. Aig toiseach an dàin seo shaoileadh tu gur ann aig deireadh rothaid a tha sinn gun teagamh, gun adhbhar dòchais air fhàgail:

O gur mise th' air mo chràdh,
Thuit mo chridhe gu lär,
'S tric snigh' air mo shàil o'm lèirsinn.

Dh'fhalbh mo chlaistinneachd uam,
Cha chluinn mi san uair
Gu mall no gu luath nì as èibhinn.

Ach fiù 's mus bi an dàn deiseil tha an rathad air a dhol na chearcall, a chuireas car dheth fhathast:

Ach thig cuibhl' an fhortain mun cuairt

Car bho dheas no bho thuath,
'S gheibh ar n-eascairaid duais na h-eucoir.

'S bidh sinn uile fa-dheòidh,
Araon sean agus òg,
Fon righ dhligheach do'n còir dhuinn gèilleadh.

Gheibhear an aon sealladh aig toiseach dàin eile a rinneadh às dèidh Chùil Lodair, le Alasdair mac Mhaighstir Alasdair:

Is fuar, fearthainneach, gach lò,
Gach oidhche dorcha, doineannach;
'S tùrsach, donn gach lò,
Murtaidh, trom le ceò;
Ach mosglaibh suas, a shlòigh,
'S ur n-airsteal trusaibh uaibh air chairteal',
'S cartaibh uaibh ur bròn,
Tha leug ri muir 's ri speur,
Ri bhith aig Aeolus 's aig Neptun,
'S thig gach tlachd 'na dèidh.

'S e an leug a tha e ag ainmeachadh Teàrlach Stiùbhart fhèin, a rugadh sa Ròimh ann an 1720, agus airson caochladh adhbhar gabhaidh an t-òran a rinn Iain MacLachlainn aig àm a bhreith a chur an coimeas ri briathran an dà bhàird eile:

Rugadh Phoenix thall anns an Ròimh
Sgeul aigeantach mòr ri 'linn;
Gum bi neart agus ceart mar ri treòir
Don fhear sheasas còir an Rìgh;
Théid a' chuibhle fhathast mun cuairt,
'S am fear a tha shuas, bidh e sìos,
Bidh am fear a tha streapadh, gu h-ard,
'S fear eile gu lär tuitidh sìos.

Thèid coimeas eile a dhèanamh ri sealladh nam bàrd ri linn nam Fuadaichean. Mu leth-cheud bliadhna às dèidh Chùil Lodair, ghabh Ailean Dùghallach cunntas air sgrios ùr a bha air tighinn chun na Gàidhealtachd:

Chan fhaicear crodh-laoigh air gleann,
No eich, ach gann, a' dol an èill;
'S ann don fhàisinneachd a bh' ann
Gun rachadh an crann bho fheum ...

Mar a tha fear-deasachaidh an dàin, an t-Ollamh Dòmhnull Meek, a bha e fhèin na cheann-cinnidh air a' Chomann seo, a' mìneachadh dhuinn, 's e '*cuiridh peirceall na caora an crann air an fharadh*' an fhàisneachd a tha fa-near dhan bhàrd an seo. Ach thig fuasglasdh air seo ri linn aimhreit an fhearin, a rèir an òrain aig Iain MacRath a sheinn e fhèin aig coinneamh mhòr chroitearan ann an taigh-sgoile Loch Carrain air 11 Màrt 1886. Tha an t-òran a' tòiseachadh:

'S gun deachaidh an crann chur air an fharadh,

'S talamh an arain a chur fàs;

Siud an rud tha uainn air aiseag

Bh' aig ar n-athraichean air mhàl ...

Ach an uair sin thig an tionndadh:

Ach thèid an crann a thoirt dhen fharadh

'S thèid na gearrain chur an sàs,

Is treabhar sìos leo talamh an arain,

'S gheibh na h-ainnsich an sàth ...

Rathad dìreach agus e sìor dol sìos, air no cuibheall a bhios daonnan a' cur car dheth fhèin? Saoilidh mi gu bheil conaltradh eadar an dà shealladh seo ri fhaicinn san eachdraidh agus sa bhàrdachd againn bho thùs, conaltradh '*gun sgur gun fhaochadh*'. 'S e 'Piobaireachd Dhomhnaill Duibh' fear de na h-òrain as sine a th' againn, agus air uairean thèid a chleachdadh mar sheòrsa de dhearbhadh air a' chiad sealladh seo:

Chaidh an-diugh, chaidh an-diugh,

Chaidh an-diugh oirnne,

Chaidh an-diugh, chaidh an-diugh,

Chaidh an-diugh oirnne,

Chaidh an-diugh, chaidh an-diugh,

Chaidh an-diugh oirnne,

O, chaidh an-diugh, chaidh an-dè,

’S chaidh a h-uile là oirnne.

Ach gheibear freagairt air seo san 20mh linn, aig deireadh an dàin ainmeil le Somhairle MacGill-Eain, (a bha na bhàrd air a' Chomann seo), *An Cuilitheann*:

Thar lochan fala clann nan daoine,
thar breòiteachd blàir is strì an aonaich,
thar bochdainn, caitheimh, fiabhras, àmhghair,
thar anacothroim, eucoir, ainneairt, ànraidh,
thar truaighe, eu-dòchais, gamhlais, cuilbheirt,
thar ciont is truaillidheachd, gu furachair,
gu treunmhor chithean an Cuilitheann
's e 'g èirigh air taobh eile duilghe.

Tillidh sinn a-nis gu saothair nam bàrd ri linn nan Seumasach, feuch dè dh'innseas na h-òrain dhuinn mun chàirdeas eadar na Gàidheil agus na Stiùbhartaich. Ma ghabhas sinn ri fianais an riaghaltais agus muinntir Hanòbhair, bha na Gàidheil deònach a dhol a shabaid nan aghaidh bhon a bha iad nan reubaltaich glan: daoine borb, làn bhochdainn agus shannt, coma ach creachadh dhaoine eile, agus nan tràillean aig na cinn-chinnidh. Tha sinn ro eòlach air an ìomhaigh seo, ged a bhios i fhahast a' toirt buaidh air mar a thèid na Gàidheil a thaisbeanadh ri linn nan Seumasach, ann an litreachas is eile. Gu tric gheibhear aon adhbhar eile san litreachas sin a tharraing na Gàidheil còmhla – 's e sin nàimhdeas an aghaidh nan Caimbeulach. Tha saoghal nan òran cha mhòr gu tur eadar-dhealaichte, agus ged a tha sinn mothachail gur e ìomhaigheachd de sheòrsa eile a th' againn an seo, nach eil co-ionnan ris an

fhirinn, saolidh mi gu bheil guthan Gàidhlig nam bàrd gar toirt nas fhaisge air an fhìrinn, gun bruidhinn air an sgaileadh-bheachdan phrisceil a dh'ainmich mi mar-thà.

Bho thoiseach gu deireadh 's e rioghalachd am prìomh adhbhar airson taic a thoirt dha na Stiùbhartaich. Is iad rìghean dligheach na h-Alba o shean, agus mar sin 's ann leothasan a tha còir a' chrùin, agus ceartas. A rèir Aonghais 'ic Alasdair Ruaidh, Bàrd Ghlinne Comhann, a' bruidhinn mu Sheumas VII, tha an t-adhbhar seo nas cudromaiche na creideamh no cion-creideimh:

Chan eil e ceadaichte dhuinn claoadh,
No 'n rìgh saoghalta mhùchadh,
'S gur e an t-oighre fior dhligheach,
On a ghineadh o thùs e ...

Chan fhaod diofar an creideimh,
No neo-chreideamh ar tàladh,
'S gun ùghdarris laghail,
Is gnìomh foilleil dhuinn àicheadh.

Ged a tha am beachd aig Iain mac Ailein, bàrd MhicIlleathain, a' toirt barrachd suim do thoil Dhè, tuigidh sinn gu bheil esan, a cheart cho math ri Aonghas mac Alasdair Ruaidh, a' comharrachadh rudeigin a dh'faodadh bacadh a chur air dìlseachd dhan rìgh: ùghdarris laghail aig an dàrna fear, agus fòirneart an rìgh aig an fhear eile:

Gu m' bharail fèin, ge beag mo reusan

Gheibh mi cead ga chòmhach,
Ge b' e tì dhen dèan Dia rìgh,
Gur còir bhith striochdte dhàsan ...

'S ged thèid e ceum de làn thoil fèin,
'S gun e cur èiginn oirnne,
'N saoil sibh an lagh no reusan
Dol a leum na sgròban?

Ged a thug Achd an Aonaidh eadar Alba agus Sasainn ann an 1707 spionadh dha na Seumasach, rinn e diofar anns an dòigh a bha iad gan cur fhèin an cèill eadar Ghàidhealtachd agus Galldachd. Air Galldachd, far an robh e na bu dhuilghe dhaibh taic a thàladh bhon mhòr-shluagh, chaidh an cothrom a ghabhail na Seumasach a chur air adhart mar mheadhan gus cur às dhan Achd, agus an cruadal agus mì-riaghlaigh a bh' air tighinn na chois. A dh'aindeoin sin cha robh an taic ach mall, agus bhiodh mòr-shluagh Galldachd na h-Alba a' togail fianais an aghaidh na bha iad a' fulang ann an dòighean eile seach cùis nan Seumasach a leantail. Air Gàidhealtachd, bha còir nan Stiùbhartach fhathast aig teis-meadhan briathran nam bàrd, ach air uairean le dreach ùr nàiseantach oirre: co-fhaireachdainn ri Alba, agus ceist na h-Alba. Seo an sealladh nàiseantach aig Iain Dubh mac Iain mhic Ailein agus Sileas na Ceapaich aig àm na h-aiseirigh ann an 1715:

Nuair gheibh uaislean na Galldachd
Adbhannsa le cliù
Gur lìonmhor each srannmhor
A dhannsas le sunnd;

Bidh Sasannaich cailte
Gun taing dhaibh d'a chionn
'S gum bi 'm Frangach le champa
Deas teann air an cùl ...

Agus Sileas:

Ach Alba èiribh còmhla,
Mun geàrr Sasannaich ur sgòrnan,
'Nuair thug iad air son òir uaibh
Ur creideas 's ur stòras,
'S nach eil e 'n diugh 'n nur pòca.

Tha Iain Dubh deònach aideachadh gu bheil ceist ann an tig feachdan nan Seumasach còmhla mar is còir:

Nam biodh gach curaidh treumhor
Le chèile san àm,
Iad air aon intinn dhìrich
Gun fhiaradh gun cham,
Iad cho cinnteach ri aoinfhear
'S iad tìtheach air a' gheall,
Dh'ainneoin mùiseag nan Dubhghall
Thig cùis thar an ceann.

Air an aon dòigh, nuair a chaill na Seumasach an cothrom a b' fheàrr a bh' aca riamh aig
Blàr Sliabh an t-Siorraim, tha Sileas na Ceapaich deònach càineadh a dhèanamh air na h-
uaislean a theich, agus fiù 's air Seumas 'VIII' nach do nochd san àm:

Dh'innsinnn sgeula dhuibh le reusan
Nam faighinn èisdeachd anns an àm:
Bhith marbhadh chèile a leith Righ Sheumais
Is gun e fhèin a thighinn as an Fhraing ...

Theich Morair Hunndaidh nan each crùidheach
An coinne a rùmbaill as an rànc;
Iarla Shìophoirt nam bratach prìseil,
Bu nàr ri innse mar dh'èirich dhà ...

A' tighinn mu dheireadh gu Bliadhna Theàrlaich fhèin, ann an òran a chaidh a
dhèanamh mus tàinig am Prionnsa, tha Aonghas mac Alasdair Ruaidh, Bàrd Ghlinne
Comhann – mas e th' ann – a' dearbhadh a-rithist gu bheil còir, ceartas agus Dia fhathast leis
na Stiùbhartaich, ach ron-a sin, tha e a' bruidhinn gu fosgailte air a' chunnart a thig air
feachdan nan Seumasach:

Na cuireadh fuaim fùdair
Bonn curaim nur feòil-sa,
Horo togaibh an àird;
No musgaidean dubh-ghorm

Dad mùthaidh nur dòchas,
Horo togaibh an àird;
'N uair theirgeas an fhuaim sin
Dh'fhalbh an crualal 's an dòrainn,
Bidh sibhse nam badaibh
Leis a' chleachdadu bu nòs duibh,
Biodh gach treun-fhearr fulangach,
Sàthach, builleanach,
Làidir, curanta,
'S cha dèan nàmhaid fuireach riubh,
Horo togaibh an àird.

Is mòr am fàth misnich dhuibh
Dlighe na còrach,
Horo togaibh an àird;
Cha bhi ur cogais gur n-agairt,
'S bidh 'n ceartas gur còmhnhadh,
Horo togaibh an àird;
Cha n-ionann 's ar nàimhdean
Ged a tha iad ro-threòireach,
Bidh an cogais gan dìteadh
Chionn strìochdaidh do Dheòrsa;
Bidh sibhse bunailteach,
Fo àmhghair fulangach,
Gun sgàth roimh chunnart,

'S gabhaibh Dia mar mhuinghinn,
Horo togaibh an àird.

Ann an òran eile, tha Nighean Aonghais Òig a' leantail air nòs Sìlis, agus i a' feuchainn ri
toirt air ceann-cinnidh Dhomhnallaich Shlèibhte a dhol an sàs anns an iomairt, rud nach do
rinn e air a' cheann thall:

A Shir Alasdair uasail
Nach grad-ghluais thu air t' aghaidh,
Leam as fada tha t' fhuireach
Gun bhith air thuras nan deaghaidh,
Le do bhrataichean lìonmhòr,
'S iomadh ciad th' ann ad fhaghaidh,
On bu dual dhuit bhith fuileach
Leig do chuilein air adhart.

Tha do chinneadh fo mhulad
A thaobh t' fhuireach san uair so,
On 's ann uileann ri h UILINN
Bu mhath gach spionnad gu crualal;
Ciod a' chùis tha fon chruinne
Ris an cuireadh sibh gualann
Nach biodh sibh nur n-urrainn
A' chlach-mhullaich a bhuanachd?

Anns na h-òrain aig Alasdair mac Mhaighstir Alasdair tha aonadh a-nis eadar còir nan Seumasach agus nàiseantachd, agus e a' càineadh le chèile an droch làimhseachadh a fhuair na rìghrean Stiùbhartach bho chaidh iad a Shasainn, agus Achd an Stèidheachaидh ann an 1701, nuair a dh'aontaich Pàrlamaid Shasainn gabhail ri Hanòbhair:

O Theàrlaich mhic Sheumais, mhic Sheumais, mhic Theàrlaich,
Leat shiubhlainn gu h-aotrom 'n am éighich bhith màrsal,
'S cha b' ann leis a' phlàigh ud a thàrmaich on mhuic ...

'S mur dèanadh fir Shagsuinn do mhealladh 's do thréigginn,
Bhiodh an crùn air a spalpadh, le d' thapadh, air Seumas,
A dh'aindeoin na bèiste leis an d'eirich na h-uilc.

Gun do gheàrr sibh an lagh sin a rinneadh le sinnsreadh,
Mar shoileas ri h-Uilleam gu Seumas a dhìobradh,
An d'éis duibh Rìgh Teàrlach glan prìseil a mhurt;
An crùn cha do mheal ach a h-aon diubh le dùrachd,
De'n *loinn* cheart-chinnteach fior-rioghail nan Stiùbhart,
Nach do bhàsaich ur tuagh, ur puinnson, 's ur cluip.

O! 's caol an teud, a Dheòrs',
Air na sheinn thu gu trì rioghachdaibh;
Gur meallt an t-achd le'n chleòc
Iad thusa nad rìgh oirnn;

Tha leth-cheud pears' us còrr
As faisge fuil us tagraichean
Na thusa 'san Roinn Eòrp';
Bu leth-oireach, lag, cam,
Am miar boirionn o'n a bhuiteadh thu,
B' fhìor-iomallach 'sa chrann.

Tha Alasdair mac Mhaighstir Alasdair air a mheas mar phrìomh bhàrd Bliadhna Theàrlaich, ach chan ann le ghuth-san a bu mhath leam crìochnachadh; air neo le guth an t-saighdeir, Iain Ruadh Stiùbhart, agus e a' caoidh a chompanaich a thuit aig Cùl Lodair mar 'Fior ghaisgich chalma na Féinne'; ach le guth a' bhoireannaich agus guth na banntraich, nach eil a' caoidh ach aon duine, an duine aice fhèin:

'S cha do sheas an Cùil Lodair
Fear do choltais bu trèine
Mo rùn geal òg.

Tha Cairistìona NicFhearghais – mas i a th' ann – ag innse mar a chaidh i tro àm èiginneach mus d'fhuair i a-mach gun robh an duine aice marbh:

Bha mi greis ann am barail
Gum bu mhaireann mo chèile
'S gun tigeadh tu dhachaigh
Le aighear 's le faoilteachd;
Ach tha 'n t-àm air dol thairis

'S chan fhaic mi fear t' eugais,
'S gus an cuir iad mi 's talamh
Cha dealaich do ghaol rim,
Mo rùn geal òg.

Le dòigh-labhairt a tha a' cuimhneachadh dhuinn air Sileas na Ceapaich agus Nighean Aonghais Òig, tha i a' cur cùis nan Seumasach agus còir nan Stiùbhartach ann an coimeas ris an duine aice, agus gan diùltadh:

Och, a Theàrlaich òig Stiùbhairt,
Se do chùis rinn mo lèireadh,
Thug thu bhuam gach nì bh' agam
Ann an cogadh 'nad fhaobhar;
Cha chrodh is cha chàirdean
Rinn mo chràdh, ach mo chèile
On là dh'fhàg e mi 'm aonar
Gun sòn san t-saoghal ach lèine,
Mo rùn geal òg.

Có nis thogas an claidheamh
No nì a' chathair a lionadh
S gann gur e a th' air m' aire
O nach maireann mo chiadghràdh;
Ach ciamar gheibhinn o m' nàdar
A bhith 'g àicheadh nas miann leam

Is mo thogradh cho làidir

Bhith cur an àite mo rìgh mhath

Mo rùn geal òg?

Cò againne a bhiodh comasach a ràdh ris an tè seo nach e deireadh rothaid a bh' ann an Cùl Lodair, air neo gum faiceadh i gu bràth an Cuilitheann ag èirigh air taobh eile duilghe?¹

¹ Mo thaing mhòr dhan Ollamh Roibeard Ó Maolalaigh airson mo chomhairleachadh mu cheistean càinain. Is mi-fhìn as coireach airson mearachdan sam bith a bhios fhathast ann.